
But the resistance of Gaelic to foreign notions of reckoning time runs deeper than just the names of the months; they didn't even cotton to the foreign practice of dividing the year into months – chunks of more or less the same size, with fixed dates – in the first place. Before they were usurped by educators and turned into month names, these words had meanings in a system that reckoned the passing of time in an entirely different way. They referred to stretches of time of variable length, which could occur at different times each year, and were defined not by the astronomical calendar but by the weather, and agricultural practices linked to the weather. One can find interesting allusions to these old meanings in Gaelic proverbs, like:

Mios Faoillich; seachdain Feadaig / A month of the Stormy; a week of the Plover

Ceithir là deug Gearrain; seachdain Caillich / a Fortnight of the Gelding; a week of the Old Woman

Tri là Sguabaig – suas e, 'n t-Earrach! / Three days of the brushlet – up with Spring!

Fascinating discussions of these old uses are scattered throughout the older dictionaries, like Dwelly and McBain, as well as Ronald Black (*Cothrom Ionnsachaidh*, p. 52), who comments on their usurpation for modern calendrical purposes that “the use of many... as calendar months is forced...”

Particularly interesting is Dwelly’s long entry for *Màrt*, in which he states that “the old ‘months’ appear to have been moveable and dependent for the time of their commencement on whether the suitable weather had already arrived. If the weather had not come, neither had the month.”

Alexander Nicholson puts all of this together in a fascinating appendix on spring in his *Gaelic Proverbs* (pp. 444 to 449). Nicholson concurs with Dwelly that, before it was forced into the straitjacket of months, spring consisted of stretches of time, of variable length and date, depending on the weather. Some of them approximated the length of a month, but there was a myriad of wee monthlets sprinkled in between. Spring began with *Am Faoilteach*, the stormy period. Nicholson acknowledges the ‘wolf’ word as a possible derivation, but gives a nod to the alternative view that it is the season of ‘joyous salutation’. It corresponds roughly to the month of February (Dwelly says, more specifically, that “in Lewis it begins on the Friday nearest three weeks before the end of January and ends on the Tuesday nearest the end of the third week of February”). Dwelly adds that sometimes the first half was called *Am Faoilteach Geamhraidh* ‘The Winter *Faoilteach*’ and the second half *Am Faoilteach Earraich* ‘The Spring *Faoilteach*’. Then came the week of *An Fheadag* – the Plover or Whistle – perhaps because of the piping winds that heralded it. Then came *An Gearran*, a period of uncertain length, possibly from March 15 to April 11, inclusive. Or maybe it was only two weeks long? Or maybe only one? Then *A’ Chailleach*, ‘The Old Woman’, lasting a week, from the 12th to the 18th of April or so. And the three days immediately following *A’ Chailleach* were the *Sguabag* ‘The Little Brush’, and there followed the *Tri Là nan Oisgean* ‘The Three days of the Ewes’. And then came *Am Màrt*, which now means ‘March’, but as Dwelly notes, once referred to the sowing season, whenever it commenced and however long it lasted. And there was *A’ Ghobag* ‘the Dogfish’, a week or three days long, stuck somewhere in between *An Fheadag* and *An Gearran*. And *Neòil Dhubha na Caisge* ‘The Dark Clouds of Easter’, in the fourth week of March. Followed by *Glasadh na Cuthaig* ‘the Greening of the Cuckoo’.

Now tell me the truth . . . wouldn’t that be a much more interesting way to reckon the passing of time?



A Bharrachd

If Wayne Harbert’s grammar column (see “A month of the Stormy; a week of the Plover,” page 13 in this issue) on Gaelic names for the months and seasons interested you, check out Ruairidh MacIlleathain’s *An Litir Bheag* ## 151 and 152 and *Litir do Luchd-ionnsachaidh* ## 455 and 456 for more on the topic.

You’ll find them as “The Little Letter” and “Letter to Learners” under “Watch and Listen” at <https://learngaelic.scot/>.

And for Facle fans (see Website to Watch on page 6 of this issue) who want something a little more challenging, here’s Cir-ogham. <https://cadhan.com/beach/gd/>

With this issue, we’re trying out a new feature, Crossword Puzzles, which could become a regular series if it proves popular. This time, we’ve included an elementary version (page 21), which is mostly vocabulary practice with clues in English but answers in Gaelic, and an advanced version (page 22) which is all in Gaelic with more subtle clues. Let us know what you think: rudu@ramsisle.com

Meek Lines

Professor Donald Meek, academic, editor, writer, and poet, shares his poetry on a Facebook page called “Meek Lines,” explaining that he uses Facebook “in the same way our ancestors used the oral airwaves of their own day. Songs were sung and recited far beyond the composer’s original locality.” And as Meek reminds us, “Poems and songs are for sharing, and that is what gives them life.”

In that spirit of sharing (and with Professor Meek’s permission), in this issue of *An Naidheachd Againne* we have again asked one of our friends, Duncan Sneddon, to pick a poem from “Meek Lines” and tell us about it.

Duncan holds a Ph.D in Celtic Studies from the University of Edinburgh and is the Gaelic Development Officer for the Church of Scotland. He also is the author of the *Handbook of Biblical and Ecclesiastical Gaelic*.



An Eaglais Fhalamh le Dòmhnall Meek

Bha na suidheachain falamh san eaglais an-dràs’d,
far am b’ àbhaist na daoine bhith ’g adhradh le gràdh:
gun seinn is gun fhonn, bu lom bha an t-àit’,
’s am beagan a bh’ againn gun fhacal ga ràdh.

Bha mo chridhe fo smalan, is m’ aigne fo sgàil,
’s mi ’g ionndrainn gach caraid bha taiceil nam spàirn;
le eagal a’ ghalair cha robh anam an làth’r,
ach am beagan a bh’ againn gun fhacal ga ràdh.

Ach an sin thàinig Facal bho labhraiche gràis
le teachdaireachd fhallain is maise on àird’,
mun Abstol bha taingeil anns gach gainntir is càs,
’s am beagan a bh’ againn, fhuair facal nar cràdh.

Ged bha ’n t-Abstol cho fad’ air a sgaradh bho chàch,
bha iadsan tighinn faisg air le coibhneas is bàidh;
na ùrnaigh ’s na chuimhne bha aoibhneas is gràdh,
’s cha b’ e beagan a bh’ aige, ach an talamh ’s a làn.

Sin chunnaic mi ainglean ’s iad a’ tighinn a-bhàn,
’s a’ lionadh gach cathair bha falamh is fàs,
’s na mìltean ’s na ceudan a’ gleusadh an dàin,
’s am beagan a bh’ againn, bha sinne nam pàirt.

Ged tha suidheachain falamh san eaglais an-dràs’d,
tha nèamh agus talamh air an ceangal gu bràth,
is chì sinn an latha bhios an galar dol bàs -
is am beagan a th’ againn gu neartmhor a’ fàs.

Latha na Sàbaid
3.1.2021

Tha Dòmhnall E. Meek air iomadh òran a dhèanamh. Bidh iad a’ nochdadh air “Leabhar nan Aodann” (mar a chanas e fhèin ris) cha mhòr a h-uile seachdain, agus tha e air dà dhuanair fhoillseachadh gu ruige seo, leabhraichean a tha a cheart cho prìseil agus cudromach ’s a tha a chuid sgoilearachd air eachdraich, litreachas agus cànan nan Gàidheal. Bidh cuid dhiubh èibhinn, cuid smaoineachail, agus a’ suathadh ri iomadh rubha eadar Eilean Uaine Thioraidh agus Rìoghachd Nèamh: eachdraidh, dualchas agus dùthchas, slighe a bheatha fhèin, polytunnels, creideamh agus caran an t-saoghail. Anns a’ chruinneachadh as ùire aige, *Eadar Ceòl is Coròna* (Clàr: 2021), tha cuid de na h-òrain a’ meòrachadh air atharrachaidhean a thàinig air beatha an

t-saoghail gu lèir ri linn Covid-19. Chaidh a' mhòr-chuid de na dàin a dhèanamh mus robh sgeul idir air a' ghalar sin, ach tha grunn òran ann air a' chuspair seo, cuid dhiubh èibhinn ("Bursday Party Zoom", "Cha Chluinn Thu Ach Coròna") agus cuid eile a' deileigeadh ris an staing ann an dòigh nas sòlamaite ("Ainglean na Slàinte", "Na Miltean"). Ach dhomhsa is e an laoidh "An Eaglais Fhalamh" an dàn as fhèarr leam anns an duanaire, dàn a rinn am bàrd anns an Fhaoilleach 2021 (*Eadar Ceòl is Coròna*, td. 192 – 193).

Aig an àm sin bha na h-eaglaisean ann an Alba a' fosgladh nan dorsan a-rithist, beag air bheag. Bha gu leòr dhiubh fhathast dùinte - agus airson na feadhna a bha fosgailte, bha cuingealachan ann, masgaichean, casg air seinn, a h-uile neach nan suidhe dà mheatar air falbh o chèile agus mar sin air adhart. Aig an àm sgrìobhaidh, An Gearran 2022, tha cuid de na riaghailtean sin fhathast ann. Co-dhiù, b' e gle bheag de dhaoine a bha a' frithealadh na seirbheise air an t-Sàbaid anns an deach am bàrd dhan eaglais, agus tha e a' cur an cèill cho neònach agus dubhach 's a bha e a bhith ann: *gun seinn is gun fhone, bu lom bha an t-àit', / 's am beagan a bh' againn gun fhacal ga ràdh.*

Bha e a' coimhead mu thimcheall air an eaglais, a' faicinn nan suidheachain falamh far am b' àbhaist a chairdean a bhith nan suidhe, ag ùrnaigh agus a' seinn mar bu nòs dhaibh. *Bha mo chridhe fo smalan, is m' aigne fo sgàil, / 's mi 'g ionndrainn gach caraid bha taiceil nam spàirn.* Tha mi cinnteach gum biodh cuid am measg an luchd-leughaidh a dh'aithneachas mar a bha e a' faireachdainn an latha sin, nuair a thill iad dhan eaglais aca airson a' chiad uair às dèidh àm a' ghlasaidh, anns an eadar-shaoghal anabarrach sin anns an robh sinn, le cas a' fuireach ann an linn a' ghalar, agus cas a' falbh dhan t-saorsa a bha sinn ag iarraidh agus a bha againn roimhe.

Ach nuair a chuala e searmon a' mhinisteir, agus Litir gu na Philipianiach 1: 1 – 11 mar cheann-teagaisg, thuig e mun ghràs a tha againn ann an cuideachd na h-eaglaise – faicseannach agus neo-fhaicsinneach, an fheadhainn a tha ann a-nis agus an fheadhainn a chaidh romhainn air an t-slighe, an fheadhainn a tha ri ar taobh (aig astar dà mheatar!) agus an fheadhainn a tha fhathast nan taighean fa-leth: *'s na miltean 's na ceudan a' gleusadh an dàin, / 's am beagan a bh' againn, bha sinne nam pàirt.* Faisg oirnn no fad às, bidh iad uile a' seinn agus ag ùrnaigh ann an co-sheirm, agus b' e an tuigse seo a lion cridhe a' bhàird le aoibhneas is dòchas. Chan eil Dòmhnall Meek a' cleachdadh na h-abairte fhèin "co-chomann nan naomh" anns an laoidh seo, ach cha chuala mi agus cha do leugh mi a-riamh an teagasg sin o Chreud nan Abstol air a chur an cèill cho soilleir agus cho brìghmhor 's a tha againn anns an dàn seo.

Rinn Bria Mason clàradh dhen laoidh seo, agus cluinnear e aig deireadh na seirbheise seo air Eaglais Air-loidhne: <https://youtu.be/rkt9BtaflWY>

An t-Oll. Donnchadh Sneddon
Dùn Èideann, Alba

Seanfhacal na Ràithe – Pictured Proverb

Do you know what familiar Gaelic
proverb is illustrated here?

Check page 25 to see if you're right.



Image by Flavionunespt from Pixabay. www.pixabay.com

An t-àite agam fhìn

“An t-àite agam fhìn,” is where you will find short pieces by ACGA members and friends about their families, their homes, and their world. In this issue, Hilary NicPhàidein writes about how she hoped that transcribing stories read in Gaelic by a fluent speaker could help her improve her conversation skills. Cam MacRae describes an innovative way in which she has connected to some of her Gaelic-speaking friends, who have an interest in common, through a new-found community activity.

And if you would like to try your hand at a short anecdotal piece in Gaelic about the place where you live or the people in it, we’d love to publish it in “An t-àite agam fhìn.” Don’t worry about making your Gaelic perfect. We’ll help you with the editing process.

Tar-sgrìobhadh – gnìomh ionnsachaidh ùr dhomh

le Hilary NicPhàidein

Dihaoine, deich uairean sa mhadaoinn, bun-sgoil a sia, latha air choreigin ann an 1965:

Thuir Bana-mhaighstir Irene Redford, “Thoir na leabhraichean-sgrìobhaidh às na deasgan agaibh. Nì sinn deachdadh.”

“’S toigh leam a bhith a’ dèanamh deachdadh,” thuir mi rium fhìn. Cha bhruidhneadh duine gun chead anns a’ chlas aig a’ Bh-mh Redford. Chaidh i do cholaiste trèanadh luchd-teagaisg ann an Dùn Dè còmhla ri mo mhàthair anns na ceathradan. Dh’fheumainn a bhith modhail.

An dèidh dhi leughadh fad fichead mionaid thog i na leabhraichean-sgrìobhaidh againn suas. Bha mi ’n dòchas nach biodh cus chomharraidhean dearga air an duilleig an dèidh dhi an oidhirp agam a cheartachadh.

Uill, bha sin o chionn fhada agus chan eil mi buileach cinnteach fhathast carson a rinn sinn deachdadh ann am bun-sgoil. Ma dh’fhaoidte gun robh sinn a’ leasachadh ar comas-èisteachd agus gun robh sinn ag ionnsachadh far am bu chòir dha na cromagan, na cromagan thurach is na stad-phuingean a dhol. Mar a b’ àbhaist bha faclan ùra anns an earrann a leughadh i. Bha litreachadh ceart cudromach cuideachd. Cha robh thu airson cus mhearachdan a dhèanamh.

Mu leth-cheud bliadhna air adhart is mi a’ dèanamh an aon rud, rudeigin coltach ri deachdadh co-dhiù. ’S e tar-sgrìobhadh a tha mi a’ dèanamh. Anns an latha a tha ann, bu toigh leam an comas-còmhraidh agam a leasachadh. Nuair a ghabhas mi seachas le cuideigin, feumaidh mi èisteachd, tuigsinn agus freagairt. Tha sin cus dhomh mar neach-ionnsachaidh. Tha mi dhen bheachd gur e clacharan a th’ ann an tar-sgrìobhadh air an t-slighe gu comas-còmhraidh. Le sin tha mi ann an clas far a bheil mi ag obair air tar-sgrìobhaidhean.

Tha Aonghas MacLeòid na thidsear agus tha an clas a’ còrdadh rium gu mòr. Rinn Aonghas faidhlichean-fuaime dhan a’ chlas agus èistidh mi ris na sgeulachdan aige agus sgrìobhaidh mi sìos na chluinneas mi.

Feumaidh mi ràdh nach eil e furasta an-còmhnaidh. Uaireannan tha mi a’ cluinntinn deireadh facail mar thoiseach an fhacail a leanas. Nuair a thachras sin tha facal ùr ann agus chan eil mi ga thuigsinn. Cha bhi m’ eanchainn ag obair. Tha cuimhn’ agam air na h-oidhirpean agam o chionn bhliadhnaichean, is iadsan cho doirbh beàrnagach. Tha am briathrachas pearsanta agam nas motha na bha agus ’s urrainn dhomh sreath fhaclan fada nas fhaide a chluinntinn agus a thuigsinn. Tha sin math agus cumaidh mi orm leis a’ chomas-còmhraidh agam.

Tha an clas seo fìor-spòrsail. ’S urrainn dhomh bruidhinn rè a’ chlas agus is mise an tè leis a’ pheann dhearg a-nis seach a’ bhana-mhaighstir.

Find out more about this and other Explore Gaelic classes taught by Angus MacLeod and Fiona Smith in this issue’s Dè Tha Dol?, page 27.

Fighe aig astar

le Cam MacRae

An t-àite agam fhìn. Sna làithean seo, 's e flat beag ann am meadhan baile ann am meadhan stàit ann am meadhan nan Stàitean an t-àite agamsa. Air sgàth COVID, 's ann tric a tha mi nam aonar nam àite (a bharrachd air cat) ach tha mi air a bhith trang. 'S e figheadair a th' annam, figheadair nam bior. 'S àbhaist dhomh stocainnean is geansaidhean a dhèanamh ach o chionn beagan mhiosan, thàinig smuain orm: Bu toigh leam rudeigin fhighe còmhla ri figheadairean eile, chan ann anns a' flat bheag a th' agam, ach aig astar, air-loidhne.

Dh'fhaighnich mi do thriùir charaidean aig a bheil Gàidhlig agus a tha nam figheadairean am biodh iad deònach "fighe aig astar" còmhla rium. Uill, gu dearbh, bha iad deònach. Lorg mi pàtran air-loidhne agus fhuair mi fear a dhèanadh an gnothach, nam bheachd. 'S e "Boneyard Shawl," pàtran le figheadair ainmeil Stephen West a th' ann, pàtran a tha ri fhaotainn saor an-asgaidh air an làrach-linn, Ravelry. 'S e pàtran furasta a th' ann, ach 's e an rud as fheàrr, rinn West am pàtran nuair a bha e a' fuireach sa bhaile agam fhìn, agus chuir e "Boneyard" air air sgàth Boneyard Art Festival, fèis bhliadhnail sa sgìre seo. Carson "Boneyard;" uill, tha allt air a bheil Boneyard Creek a' ruith tron bhaile againn.

Co-dhiù, bha ceathrar againn sa bhuidheann, a' fighe còmhla, Janice Chan à Toronto, Annag Landin à Carolina a Tuath, agus Hilary NicPhàidein à Washington, D.C. Is e faighinn a-mach dè am facal airson "shawl" a th' anns a' Ghàidhlig a' chiad rud a bha againn ri dhèanamh. Anns an Fhaclair Bheag, chunnaic sinn beannag, guaillean, pleata bheag, filleag, guailleag, citeag, ciotag. Agus tha barrachd ann! Chuir sinn romhainn gun do chòrd "beannag" rinn. Agus 's e liosta de dh'fhaclan eile a bhiodh cuideachail dhuinn rud eile a rinn sinn.

Seo an liosta againn:

snàth - yarn, thread

bior fighe - knitting needle

deilbh àireamh de lùban - cast on

lùb - stitch in knitting

lùb cheart - knit stitch

lùb cheàrr - purl stitch

cuir a-mach air - increase

cuir ceann air - cast off / bind off

Agus le sin, tòisichidh sinn, agus nam biodh tu a' smaoinichadh gun robh beannagan air an dèanadh leis an aon phàtran co-ionnan, bhiodh tu ceàrr. Chuir sinn feum air snàth diofraichte agus bioran de mheud dhiofraichte.

Seo agad na beannagan againn. Nach eil iad coltach ri bogha-froise bheannagan? Agus a-nis, is sinne air crìoch a chur orra? An lean sinn ri fighe aig astar? Gu dearbha. A bheil cuideigin ag iarraidh geansaidh ùr?

Ma bhios ùidh agad anns a' phàtran a bha sinn a' cleachdadh, seo an ceangal:

<https://www.ravelry.com/patterns/library/boneyard-shawl>



Janice Chan



Cam MacRae



Hilary NicPhàidein



Anne Landin

Bàrdachd airson ar linn

We love it when Gaelic learners turn into Gaelic poets! “Bàrdachd airson ar linn” is an ongoing column to encourage and promote original contemporary Scottish Gaelic poetry. Poets may range from fluent and native speakers to adult learners. Here we have poems from Àdhamh Dàmaireach (Kentucky/Canada), John Grimaldi (New York City), Nancy Neveln (Washington State), and one of our editors, B.L. Rice (New York City), who was recently published in *Steall* 7.

Òran Loch Laomainn

*Air fonn dualchasach dhen aon ainm
air eadar-theangachadh le Àdhamh Dàmaireach*

'S tu ghabhas an àrd-rathad
Is mise san uaigh
Ach ruigidh mi 'n seann-dùthaich romhad-sa
Ach cha bhi mo ghràdh
Is mi fhìn a-rithist gu bràth
Faisg air còrsachan àillidh Loch Laomainn

Air slèibhtean is leacainnean bòidheach is grinn
Far a thuit deòthan grèin' air Beinn Laomainn
B' àbhaist dhomh tighinn, còmhla ri mo rùn cho binn
Faisg air còrsachan àillidh Loch Laomainn

'S ann an siud rinn sinn sgaradh
An sgàilean a' ghlinn
An car taoibh chais ghleannaich
Bheinn' Laomainn
Far bu chorcar an dath
Air an fhraoch a bha fo bhlàth
'S dheàrrs a' ghealach mar lochran sna craobhan

Bidh an smeòrach a' seinn
Is an loch a' balg ri grèin
Is a' mhaoisleach ag altram a laoghain;
Agus bidh mi nam measg
Ged a bhios mo chorp an easg
Is mo bhean bhòidheach dileas gam chaoineadh

Loch Lomond's Song

*To the traditional air of the same name
Translated by Adam Dahmer*

It is you who'll take the high road
While I'm in the grave
But I'll reach the Old Country before you
But my love
And I won't be again till judgement day
Near the lovely shores of Loch Lomond

On pretty, picturesque slopes and hillsides
Where sun beams fell on Loch Lomond
It was my habit to come, with my wife so sweet
Near the lovely shores of Loch Lomond

It's there that we did part
In the shade of the glen
Near Ben Lomond's steep,
Valleyed side
Where purple was the color
Of the heather that was in bloom
And the moon shone like a lamp in the trees

The thrush will be singing
And the lake basking in the sun
And the doe nursing her fawn;
And I will be among them
Though my body will be in a ditch
And my pretty, faithful wife keening for me

An Dà Eun

le Iain Grimaldi

Chaochail an t-eun beag nam làmh.
Stad a chridhe.
Dh'fharaich mi e a stadadh
nam làimh fhìn.

Bha a anail cho trom
mus do stad e.
Rinn e sabaid son anail
gus àm a bhàis.

The Two Birds

by John Grimaldi

A small bird died in my hand.
His heart stopped.
I felt it stop
in my own hand.

His breath was so heavy
before it stopped.
He fought for breath
up to his time of death.

Bha blàths a bhodhaig
sam bas mo làimh.
Dh'fharaidh mi an strì aige
's a bheatha.

Thiodhlaic mi e air bun chraoibh
san talamh feitheamh.
Rinn mi toll beag is tha e na laighe
gu sàmhach fhathast.

Bha mi fo bhròn nach urrainn
dha itealaich idir.
Bha an speur cho soilleir is gorm
is an talamh cho dorch.

An diugh fhuair mi eun beag eile.
Bha e fo eagail
ach bha e slàn is sàbhailte
nam làmh a laighe.

Cniadaich mi e lem mheòirean
is fàs e sàmhach.
Chuala mi nam inntinn fhìn
a bhuille chridhe.

Bha a anail cho sèimh
agus bha sìth ann.
Chuir mi e air geug an chraoibh
is dh'fhuirich e mionaid.

Nuair dh'itealaich e don geug eile
dh'fhairich mi saor.
Dh'itealaich sinne san speur
le spioradan làn gaol.

The warmth of his body was
in the palm of my hand.
I felt his struggle
and his life.

I buried him at the base of a tree
in the waiting ground.
I made a small hole and he lies there
calmly still.

I was sad that he could not
fly at all.
The sky was so bright and blue
and the ground so dark.

Today I found another small bird.
He was frightened
but he was healthy and safe
lying in my hand.

I stroked him with my fingers
and he became calm.
In my own mind I heard
his heart beat.

His breath was so gentle
and there was peace in him.
I put him on a branch of the tree
and he waited a moment.

When he flew to another branch
I felt free.
We flew into the sky
with spirits filled with love

Dùrachdan na Ràithe / Wishes of the Season

le Nancy (Nanag) Neveln / by Nancy (Nanag) Neveln

Back during the holiday season, one of our members,
Nanag Neveln, read a short poem in the news media,
exhorting people to keep their spirits up during the
COVID pandemic. Here it is:

Stay safe
Stay strong
Stay connected.
We're all in this together.

Nanag decided this verse was rather pithy, too
concise; so she wrote her own version in Gaelic and
English.

Bithibh slàn, sàbhailte, cùramach
Bithibh làidir, treun, seasmhach
Bithibh ceangailte le ur coimhearsnachd.
Tha sinn uile 's a' chruaidh-chàs seo le chèile.

Be healthy, safe, and careful
Be strong, brave, and steadfast
Be connected with your community.
We are all in this emergency together.

Nanag's take on the original verse can surely serve
as a valuable reminder whatever the season.

Còmhradh-Fòn

le B.L. Rice

Bhrudhinn sinn rè na h-oidhche,
Agus uaireannan anns a' mhadainn,
Ged nach fhaca sinn a chèile airson bhliadhnaichean.
Bha e mar gun do shuidh mi ri do thaobh.

Dh'èist thu rium cho foighidneach,
nuair a dh'innis mi sgeulachdan-siubhail dhut,
Agus thuirt mi, dè do chor?,
'S beag a thuirt thu guis iochd a dhèanamh rium
Bhon chràdh, a' cluinntinn crannchur mo Mhàthar.

Thug e tlachd grad-ùineach dhut,
Fios a bhith agad, gun tigeadh brùadar gu buil.

Agus aon latha gu h-obann,
Gun sanas neo gleòthan
Shiubhail thu à saoghal-strì,
Gu Nèamh agus beatha mhaireannach.

Gum biodh sìth maille riut a-nis,
Fhad's a dh'fhanas mi air an Talamh seo
Athair, bidh mi gad ionndrainn,
Mar a chuireas mi m' aghaidh ris an àm ri teachd gu
faiceallach.

Telephone Conversation

by B.L. Rice

We talked in the evenings,
And sometimes, mornings, too.
Even though we had not seen each other in years,
It was as if I were right next to you.


You listened to me so patiently,
when I told stories of adventure [*literally stories
of travel*] to you,
And I always asked how you were.
Little do you say, to spare me,
the pain of hearing Mother's circumstances.

It gave you a momentary pleasure,
To know dreams could come true.

Then one day suddenly,
Without notice or a fight,
You passed from a world of strife,
To Heaven and eternal life.

Peace be with you now,
While I tarry on this earth.
Father, I miss you,
As I face the future warily.

Elementary Crossword: Buill a' Chuirp (Body Parts)



Across


- 2 Arm (8)
- 3 Foot (3)
- 6 Wrist (4-5)
- 7 Mouth (4)
- 8 Nose (4)
- 10 Toe (6-5)
- 11 Shoulder (7)
- 12 Eye (4)
- 14 Neck (7)

Down

- 1 Elbow (7)
- 3 Finger (6)
- 4 Ankle (8)
- 5 Ear (5)
- 7 Chest (10)
- 8 Chin (6)
- 9 Thumb (5)
- 10 Head (5)
- 13 Hand (4)

See page 28 for solution.

Tòimhseachan-tarsainn Adhartach: As t-Earrach



Tarsainn

- 1 Chunnaic Ailis fear geal (10)
- 5 Glanadair nàdarra (4,5)
- 7 Na dathan uile (5-6)
- 10 Sniomhan cunnartach (7)
- 11 Àitichean-chòmhnaidh (3)
- 15 Seinn/òran nan eun (10)
- 16 Dathach agus math ri ithe (3,2,6)
- 17 Biastag le sgiathan brèagha (6-2)
- 18 Rud cinnteach, mar am bàs (6)

Sìos

- 1 Biadh sa phàirc (5-6)
- 2 Adhbhar son sreothartan (7)
- 3 Blàth nach eil air fosgladh fhathast (5)
- 4 Flùr a' Ghiblein (8)
- 6 Beart-inneal an earraich (7-6)
- 7 Samhla Iapanach airson ath-ùrachaidh (5,2,5)
- 8 Far a bheil na lusan (7)
- 9 Tàlaidhean-seilleanan (11)
- 12 Gluasad tràthail (8)
- 13 Sealladh de shoillse is fuaim (9)
- 14 Teachdaire iteagach (3-6)
- 16 Creutairean beaga clòimhe (4)

See page 28 for solution.

Clach air a Càrn


The American Gaelic learner community lost a long-time friend and supporter with the unexpected death of Sue Hendrix, on February 15, 2022.

You may recall our recent article here about the Gaelic study group that met in her Boulder, Colorado, home for twenty-five years (*An Naidheachd Againne*, Fall 2021, p. 17). Sue was also involved in many other Gaelic activities over the years. She began studying Gaelic with the classes offered by Glenn Wrightson many years ago in Denver. She attended classes at the Gaelic College at St. Ann's, Nova Scotia, four times. She organized Gaelic tents at the Highland festival in Estes Park, Colorado, for several years. And she was one of several local learners who helped put on ACGA Immersion Weekends in Boulder. Sue's husband, Glenn Blauvelt, was also a Gaelic learner for several years, and participated in some of these activities.



Glenn Blauvelt and Sue Hendrix, 2018

Sue was a lifelong learner, earning a Ph.D. in computer science with a minor in cognitive science after her retirement. Other interests were watercolor painting, STEM education, as well as women and minorities in engineering, history, and music. Her enthusiasm, friendliness, and generosity of spirit will be missed.



More Than Kilts and Cabers Scottish Gaelic Voices from North America




A New Podcast Episode Every Day of
Seachdain na Gàidhlig/World Gaelic Week
March 21-27

- Explore a different region of North America in each episode
- Discuss the history of Scottish Highland immigrants to the area
- Learn the songs and stories that attest to their lives and struggles.

March 21: The Atlantic Seaboard From Virginia to Florida and the Caribbean
March 22: New England and the Canadian Maritimes
March 23: New York, Ontario, and Quebec
March 24: The Upper Mid-West States and the Canadian Prairies
March 25: The Pacific West from Alaska to California
March 26: Missing Evidence, Ethnic Myths, and Gaels of Many Colors
March 27: Keeping Gaelic Voices Alive in North America

Click here to listen: <https://open.spotify.com/show/6hS1AHwKrxHCXpJeTYKOG>

A collaboration between three North American organizations serving the Gaelic community: An Comunn Gàidhealach Ameireaganach (the American Scottish Gaelic Society), the Hidden Glen Folk School of Scottish Highland Heritage, and Sgoil Gàidhlig Bhaile an Taigh Mhoir (The Gaelic School of Baltimore).



The recipe for this tasty dish comes to us from our friend Molly MacRae, who has adapted it from one in America's Test Kitchen's *The Complete Plant-based Cookbook*. Molly says, "the original recipe calls these tacos, but we fold them up like burritos for neater eating." She highly recommends this cookbook; in fact, her family has used their copy so much that it has become a loose-leaf book!

Burritothan le Pònairean Dubha agus Buntàta Milis, is Uineannan Dearga Milis-spiosrach Picilte

(leasaichte bho: *The Complete Plant-based Cookbook* from America's Test Kitchen)

Black Bean and Sweet Potato Burritos With Sweet-Spicy Pickled Red Onions

(adapted from *The Complete Plant-based Cookbook* from America's Test Kitchen)



Gritheidean airson nam burritothan:

- 3 spàintean-bùird ola-chroinn-ola
- 3 piosan longan-creamha air an gearradh gu mìn
- 1 1/2 spàintean-tì cumin bleithte
- 1 1/4 spàintean-tì coireamain bleithte
- 1/4 spàin-tì oragain air a thiomachadh
- 1 spàin-tì salainn
- 1/2 spàin-tì piopair
- 1 phunnd buntàta milis air a rùsgadh agus air a ghearradh ann am piosan 1/2 òirleach a leud
- 4 piobairean poblano, gun ghasan, gun sìl, agus air an gearradh ann am piosan 1/2 òirleach a leud
- 1 uinnean mòr, air a ghearradh ann an dà leth, is an uair sin air a ghearradh ann am piosan 1/2 òirleach a leud
- 1 chana (15 unnsachan) de phònairean dubha, air an sgoiladh (no 2 chupa, ma bhrùicheas tu fhèin iad)
- 1/4 lus a' choire air a ghearradh le buille
- dòrlach shiobannan, air an sliseadh (a bharrachd air an uinnean ròiste)
- 8 tortillathan min-fhlùir, 10 òirlich ann am meud, air am blàthachadh

Gritheidean airson nan uinneanan picilte a chuireas tu air mullach nam burritothan:

- 1 uinnean dearg, dà leth air a dhèanamh air
- 1 chupa fiona-ghèir dheirg
- 1/3 cupa siùcair
- 2 phiobair-thilidh jalapeno, gun ghasan, gun sìl, agus air an gearradh ann an fàinneachan tana
- 1/3 spàin-tì salainn

Ingredients for the burritos:

- 3 tbsp olive oil
- 3 garlic cloves minced
- 1 1/2 tsp ground cumin
- 1 1/4 tsp ground coriander
- 1/4 tsp dried oregano
- 1 tsp salt
- 1/2 tsp pepper
- 1 pound sweet potatoes, peeled, and cut into 1/2-inch pieces
- 4 poblano chiles, stemmed and seeded, and cut into 1/2-inch wide strips
- 1 large onion, halved, and then sliced into 1/2-inch thick pieces
- 1 (15 ounce) can black beans, rinsed (or 2 cups that you've cooked yourself)
- 1/4 cup chopped fresh cilantro
- 1 bunch scallions, sliced (in addition to the roasted onion or to help make up for the missing onion)
- 8 10-inch flour tortillas, warmed

Ingredients for the pickled onions that go on top of the burritos:

- 1 red onion, halved and sliced thin through root end
- 1 cup red wine vinegar
- 1/3 cup sugar
- 2 jalapeno chiles, stemmed, seeded, and cut into thin rings
- 1/3 tsp salt

Stiùiridhean airson nam Burritothan:

1. Cuir na racaichean san àmhainn os cionn agus fon mheadhan. Ro-theasaich an àmhainn gu 450° F.
2. Measgaich an ola agus na spìosraidhean còmhla ann am bobhla mòr. Cuir ann am buntàta, na piobairean, agus an t-uinnean agus measgaich iad.
3. Sgaoil a' ghlasraich gu cunbhalach air dà dhuilleig bèicearachd air an lìnigeadh le foidhle alùmanum. Bruich gus am bi a' ghlasraich meata agus òr-dhonn, mu leth-uair a thìde, a' measgachadh na glasraich agus an dèidh cairteal na h-uarach, a' tionndadh nan duilleagan bèicearachd eadar na racaichean.
4. Cuir a' ghlasraich air ais sa bhobhla. Cuir na pònairean, lùs a' choire, agus na siobannan ris. Measgaich gu socair.
5. Cuir measgachadh air gach tortilla blàth agus cuir na h-uinneanan picilte air uachdar sin. Cuir abhocado air a sliseadh, càise sgriobte, uachdar goirt, no ge bi dè as toil leat air.

Stiùiridhean airson nan Uinneanan Picilte:

1. Cuir an t-uinnean ann am bobhla.
2. Èarr-bhruith am fion-geur, an siùcar, na piobairean, agus an salann ann am pana aig teas meadhanach àrd.
3. Measgaich bho àm gu àm gus an leagh an siùcar.
4. Doirt am fion-geur air an uinnean, cuir mullach air, agus leig leis fuarachadh gu tur, mu uair a thìde.
5. Drùidh a' ghlasraich ann an sìoltachan.
6. Cuir iad gu feum an ceartair air mullach nam burritothan, no glèidh iad anns an fhrid cho fad ri seachdain.

Directions for the Burritos:

1. Adjust the oven racks to upper middle and lower middle positions. Preheat oven to 450° F.
2. Whisk oil and seasonings together in a large bowl. Add sweet potatoes, poblanos, and onion to oil mixture and mix to coat.
3. Spread vegetable mixture in an even layer on 2 foil-lined rimmed baking sheets. Roast until tender and golden brown, about 30 minutes, stirring vegetables and rotating sheets between racks halfway through.
4. Return vegetables to now-empty bowl. Add beans, cilantro, and scallions. Toss to gently combine.
5. Spoon burrito mixture onto warmed tortillas and top with pickled red onions. Add sliced avocados, grated cheese, sour cream, or anything else you feel like.

Directions for Pickled Onions:

1. Put onion in a bowl.
2. Bring vinegar, sugar, jalapenos, and salt to a simmer over medium-high heat.
3. Stir occasionally, until sugar dissolves.
4. Pour hot vinegar mixture over onion, cover, and let cool completely, about an hour.
5. Drain cooled vegetables in colander.
6. Serve now or keep in refrigerator for up to a week.



Do you have a favorite recipe that you'd like to share with other ACGA members? Submit it in a bilingual format to one of our editors and we'll publish it in a future issue of *An Naidheachd Againne*. Na gabhaibh dragh – we'll pass the Gaelic by a native speaker to be sure your recipe is delicious in both languages!



Image by Flavionunespt from Pixabay. www.pixabay.com

Answer to Seanfhacal na Ràithe, p. 16

Cha tèid nì sam bith san dòrn dùinte.

Nothing can get into a closed fist.
(Nothing can be received by a closed hand,
but neither can it give.)

Dè Tha Dol?

Gaelic Events

Am Màrt 2022 / March 2022

Cèilidh Oidhche Haoine Bhiortail / Friday Night Virtual Ceilidh, Comunn Gàidhlig Toronto, March 19, 7:30pm EDT

A ceilidh is all about community and coming together. If you have a story, a song, or an instrument you play, you are invited to contribute, wherever you are in the world. Skill level is not the important thing, so simply join us on the third Friday of the month and tell, sing or play. Most of all, you are invited to contribute with your presence. To register, simply fill out the form at the link below and you will be sent the Zoom link to join in online, 7:30 pm EDT. <https://www.gaelicsocietytoronto.com/friday-night-ceilidh.html>

Seachdain na Gàidhlig / World Gaelic Week, March 21 – March 27, 2022

Seachdain na Gàidhlig / Gaelic Week will be officially recognised in Scotland in 2022 with events between Monday, March 21 and Sunday, March 27. Individuals and groups throughout the world are encouraged to create their own events and list them on the official website. <https://seachdainnagaidhlig.scot/?lang=scg>

Seachdain na Gàidhlig / World Gaelic Week, March 21 – March 27, 2022

Join Michael Newton, Liam Ó Caiside, Rick Gwynallen and Scott Morrison for *More Than Kilts and Cabers - Scottish Gaelic Voices from North America*, a podcast collaboration among three North American organizations serving the Gaelic community: An Comunn Gàidhealach Ameireaganach (<https://acgamerica.org/>), The Hidden Glen Folk School of Scottish Highland Heritage (<https://www.hiddenglenfolk.org/>), and Sgoil Ghàidhlig Bhaile an Taigh Mhóir (<https://sgoilgaidhlig.org/>).

The podcast will be available on the following platforms: Spotify, Google Podcasts, Apple Podcasts, Amazon Music, Podcast Addict, TuneIn+Alexa and Stitcher. See page 23 for a complete schedule.

An Giblean 2022 / April 2022

Cèilidh Oidhche Haoine Bhiortail / Friday Night Virtual Ceilidh, Comunn Gàidhlig Toronto, April 15, 7:30pm EDT

To register, simply fill out the form at the link below and you will be sent the Zoom link to join in online, 7:30 pm EDT. <https://www.gaelicsocietytoronto.com/friday-night-ceilidh.html>

An Cèitean 2022 / May 2022

Cèilidh Oidhche Haoine Bhiortail / Friday Night Virtual Ceilidh, Comunn Gàidhlig Toronto, May 20, 7:30pm EDT

To register, simply fill out the form at the link below and you will be sent the Zoom link to join in online, 7:30 pm EDT. <https://www.gaelicsocietytoronto.com/friday-night-ceilidh.html>

An t-Ògmhios 2022 / June 2022

Fèis Seattle, Seabeck Conference Center, Seabeck, WA, June 21–26, 2022

We bring you together with leading tradition-bearers from Scotland and Cape Breton for an unforgettable event. Whether you are interested in fiddle, harp, whistle, guitar, Gaelic song or language, we have something for everyone. To register, see

<https://www.eventbrite.com/e/feis-seattle-2022-registration-262311369367>

An t-Iuchair 2022 / July 2022

Ceòlas Sgoil Shamhraidh 2022 / Ceòlas Summer School 2022, South Uist, July 3–8, 2022

The main focus of Ceòlas is the week-long music and dance summer school featuring expert tuition in piping, fiddling, singing, Scotch reels and quadrilles, step dancing and Gaelic language. Plans are underway for an in-person event for 2022. Details will become available at <https://www.ceolas.co.uk/home/summer-school-2022/>

Beinn Seanair / Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week & Mòd, July 4–8, 2022

Depending on travel and other restrictions that may be in effect, the Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week will be held either in person or virtually this year. Instructors: Jason Bond and Stacey MacLean. More information as it becomes available will be found at <https://acgamerica.org/>.

Cùrsaichean Air Astar / Distance Learning

Sabhal Mòr Ostaig, Isle of Skye

The distance learning courses offered by Sabhal Mòr Ostaig are designed to enable students to become fluent in Scottish Gaelic and to progress to further study through the medium of Gaelic if desired. They range from *An Cùrsa Inntrigidh* for those with little or no Gaelic to BA(HONS) in Gaelic language and Culture.

For a description of all distance learning courses offered through Sabhal Mòr Ostaig, see <https://www.smo.uhi.ac.uk/distance-learning/?lang=en>

Ongoing

Explore Gaelic with Angus MacLeod and Fiona Smith

The Explore Gaelic classes are 10-week sessions held throughout the year, designed to help learners of all levels to move toward fluency in Scottish Gaelic. Angus and Fiona believe that learning works best when it's fun. They are always trying out new ways to teach and learn. Classes on offer include translation, transcription, conversation, listening, and song. They also drill tricky subjects and plunge into deeper explorations of the nooks and crannies of Gaelic. For more information about upcoming sessions, contact Nickie Polson at nickiepolson@shaw.ca.

Seinn air Loidhne / Gaelic Song Class with Brian Ó hEadhra

Brian is a well-known musician and singer based in Inverness, Scotland. You may know him as one of the members of the Gaelic quartet *Cruinn*. He holds Gaelic song classes on Zoom every so often, sharing great ceilidh and traditional songs. For more information, check Brian's Facebook page at <https://www.facebook.com/brianoheadhramusic> or his new *Seinn air Loidhne* Facebook group at <https://www.facebook.com/groups/seinnairloidhne>.

An Clas Camelon

Gaelic song and language workshops are offered on Zoom, from complete beginner to advanced / fluent. Ongoing classes include a beginner song class on alternate Wednesday evenings at 7pm GMT / 2pm EST. Each class is one hour, with new songs taught each class, so no need to attend each one. The cost is £6 per class. The instructor is a local musician, Eilidh, who is the singer in the band Madderam (on YouTube and Spotify). The songs and phonetics are sent out in advance and the price also includes a recording sent out afterwards. For more information or to register, email anclascamelon@gmail.com or see their FaceBook page.

Gaelic Song Sharing on Meetup

Gàidhlig Photomac hosts a song sharing session every month or so. You can find more information about this informal event at the Gàidhlig Photomac page on Meetup at <https://www.meetup.com/Gaidhlig-Photomac>. Email Cathleen MacKay at amum44@yahoo.com for more information.

Colaisde na Gàidhlig, Leasan Bhideo / The Gaelic College, Video Lessons

Six different disciplines are taught by six knowledgeable and experienced instructors who will be sharing tips and techniques to get you playing, dancing, singing and speaking Gaelic the Cape Breton way. Each discipline is offered at 3 levels with 10 lessons per level for a total of 30 lessons in each discipline. Each level can be purchased for \$20 CDN for a 6 month subscription. For a list of lessons and more information, see <https://gaeliccollege.edu/learn/online-learning/video-lessons/>

Is your Gaelic class or study group planning an event, or are you aware of an event with substantial Scottish Gaelic content that you'd like your fellow ACGA members to know about? You can make submissions to 'Dè Tha Dol?' by sending the following information to seonaganna@gmail.com

- Name of event
- Date
- City
- Address of venue
- A short description, or web link and / or contact person's email address

Please keep in mind the following deadlines:

- Spring – February 15 (published March 15)
- Summer – May 15 (published June 15)
- Fall – August 15 (published September 15)
- Winter – November 15 (published December 15)




Janice Chan

Answer to Photo Quiz, p. 6


Caisteal na Sròine (Urquhart Castle), built around 1230, sits on the banks of *Loch Nis* (Loch Ness) and was one of the largest castles in Scotland before it fell into ruin. Its capture in 1296 by Edward I marked the beginning of the Wars of Scottish Independence.

Solutions to Crossword Puzzles

Elementary Crossword (p. 21)



Tòimhseachan-tarsainn Adhartach (p. 22)



Directory of Gaelic Classes & Study Groups

United States

California

Sacramento Area

Classes

(on pandemic hold, will resume when possible)

Donnie MacDonald minchmusic@comcast.net

Colorado

Denver

Conversation Group

(on pandemic hold, will resume when possible)

Monthly at Stella's Coffee Shop

Reese McKay reese.mckay25@gmail.com

San Luis Valley

Daily Gaelic

Online lessons & classes; email courses

<http://www.gaidhliggachlatha.com>

<https://www.facebook.com/DailyGaelic/>

Kentucky

Louisville

Online Gaelic language and song lessons

Adam Dahmer atdahm01@gmail.com

Maryland

Baltimore

Online Classes and Conversation Group

Sgoil Gàidhlig Bhaile an Taigh Mhóir

<https://sgoilgaidhlig.org/>

Rick Gwynallen richard.gwynallen@gmail.com

301-928-9026

New York

New York

Classes (online during pandemic)

New York Caledonian Club

Contact Barbara L. Rice, Chair, Scottish Studies

Barbara.Rice@nycaledonian.org

<https://nycaledonian.org/scottish-studies/>

North Carolina

Triangle / Raleigh area

Study Group (online during pandemic)

An Phillips fiongeal@gmail.com

Northern Virginia-Washington, DC-Maryland

Gaelic Learning Community (online during pandemic)

Gàidhlig Photomac

Regular workshops and social events

Contact Liam willbcassidy@gmail.com

Washington

Seattle

Slighe nan Gàidheal

Online Classes & Informal Study Groups

<https://www.slighe.org/gaelic-classes>

Canada

British Columbia

Vancouver

Classes (online during pandemic)

Comunn Gàidhlig Bhancoubhair

info.vancouvergaelic@gmail.com

<https://www.facebook.com/GaelicVancouver/>

Ontario

Toronto

Gaelic classes & private tutoring via Zoom

Comann Luchd-Ionnsachaidh Thorontó

<http://www.torontogaelic.ca>

Québec

Montréal

Study Group & Celtic choir (online during pandemic)

Linda Morrison linda@lindamorrison.com



FOR MORE information about these resources and for information on long-distance courses, short courses, and private instruction, see our web page at <http://www.acgamerica.org/learn/classes>

For additions and corrections, contact Janice Chan, seonaganna@gmail.com

ACGA Officers

President

William (Liam) Cassidy
willbcassidy@gmail.com

Co-Vice Presidents

Jamie MacDonald
gaelteach@gmail.com
Jeff Justice
jw_justice@icloud.com

Treasurer

Michael Mackay
mackay@progeny.net

Bookkeeper

Nickie Polson
finance@acgamerica.org

Recording Secretary

Joyce Campbell
jyccmpbll@aol.com

Membership Secretary

Janice Chan
seonaganna@gmail.com

Web Administrator

Jeff Justice
webmaster@acgamerica.org

Naidheachd Editor

Suzanne McDougal
somcdougal@gmail.com

A Note on ANA's Gaelic and English Orthography

ANA generally publishes articles in Gaelic using the Gaelic Orthographic Conventions published by the Scottish Qualifications Authority (www.sqa.org.uk/sqa/45356.html). However, articles employing older spelling are welcome, as are articles written in a particular Gaelic dialect (e.g., Cape Breton, Argyll).

For English articles, both British and American orthography are acceptable, as long as usage is consistent within the article.

ACGA Online Faces

Like most organizations in the modern world, ACGA has several online faces, including:

- www.acgamerica.org, our main website, containing a blog for announcements, tips, articles, etc.; an archive of newsletters; detailed information about our major events; information about ACGA and how to join; learning resources; and more.
- www.facebook.com/ACGAGaelic, our Facebook page.
- www.youtube.com/user/ACGAmerica, our YouTube channel with video content.
- www.twitter.com/ACGAGaelic, our Twitter account, used for ACGA announcements.
- www.facebook.com/groups/1463155417230179, a special Facebook page for our Gaelic Song and Language Week at Grandfather Mountain. Click the "Join Group" button in the main menu to send a request to join.

An Naidheachd Againne

An Naidheachd Againne is the quarterly newsletter of *An Comunn Gàidhealach Ameireaganach (ACGA)*. The newsletter is published in the Spring, Summer, Fall, and Winter. It is produced by the Publications Committee of ACGA.

Content Editor:

Barbara Rice, barbaralynrice@gmail.com

Layout Editor:

Suzanne McDougal, somcdougal@gmail.com

Assistant Content Editors:

Janice Chan, seonaganna@gmail.com
Jeff Justice, jw_justice@icloud.com

Associate Editors:

Cam MacRae
Hilary NicPhàidein

Additional Assistance Provided by:

Rudy Ramsey

An Naidheachd Againne welcomes submissions. Contact the editors for more information.